

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Briathrachas Fhuaimnean (1)

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 1,099. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 795 corresponds to Litir 1,099.

Dè am fuaim a bhios luchag a’ dèanamh? Am bi i a’ beucaich no a’ comhartaich? No am bi i a’ crònan, no a’ donnalaich? A bheil e gu diofar ma tha an luchag toilichte seach mì-thoilichte? No misneachail an àite eagallach? Uill, feumaidh mi aideachadh nach eil mi ro eòlach air cainnt nan luchag. Ach faodaidh mi a ràdh, an ìre mhath le cinnt, nach bi luchag a’ beucaich no a’ comhartaich!

A bheil sibh eòlach air a’ bhriathrachas co-cheangailte ri fuaim? Anns an Litir seo, tha mi a’ dol a dh’innse feadhainn dhiubh dhuibh. Anns a’ chiad dol a-mach, chanamaid *bìogail* no *bidil* ris an fhuaim a bhios luchag a’ dèanamh – *squeaking* no *chirping* ann am Beurla. Bidh eòin bheaga a’ bìogail cuideachd.

Dè th’ ann am beucaich, ma-thà? Ann am Beurla, canaidh sinn *roaring* no *bellowing* ris. ’S e beucaich am fuaim a nì a’ mhuir air latha stoirmeil – beucaich na mara. Nam biodh sibh a’ tighinn car faisg air eas mòr mòr, mar Eas Niagara no Eas Bhictòria, bhiodh sibh a’ cluinntinn beucaich an easa. Ge-tà, bidh sinn cuideachd ag ràdh ‘beucaich’ ris an fhuaim a bhios boc-earba a’ dèanamh.

Agus comhartaich? ’S e sin am fuaim a nì cù, seach luchag. Agus crònan? Uill, seo agaibh pìos bàrdachd anns a bheil am facal: *seillein riabhacha, breaca, srianach, len crònan cianail as fiadhta srann ‘brindled, speckled, striped bees, with their mournful droning of the wildest buzz’*. Tha seo às an dàn Coire a’ Cheathaich le Donnchadh Bàn Mac an t-Saoir. Seillein riabhacha, breaca, srianach, len crònan cianail as fiadhta srann.

Tha *crònan* a’ ciallachadh ‘*the buzzing of a fly or bee*’. Tha e cuideachd a’ ciallachadh fuaim a nì allt – ‘*purling*’ ann am Beurla. Cha bhi luchag a’ dèanamh crònan **fhad ’s as aithne dhomh**. Ach nan cluinneadh luchag crònan, ’s dòcha gum biodh i a’ gabhail eagail. Carson? Uill, ’s e sin am fuaim a nì cat nuair a tha e toilichte. Crònan cait ‘*the purring of a cat*’. Tha seanfhacal ann: **’S ann air a shon fhèin a nì an cat crònan** ‘*it’s for itself the cat purrs*’. ’S ann air a shon fhèin a nì an cat crònan.

Tha *dùrdan* cuideachd a’ seasamh airson *purring*. Seo seanfhacal eile: **Nuair a bhios nì aig a’ chat, nì e dùrdan** ‘*when the cat has got hold of something, it purrs*’. Bidh sinn ag ràdh sin mu dhaoine beartach a bhios a’ bruidhinn gu tric mun cuid ionmhais. Nuair a bhios nì aig a’ chat, nì e dùrdan.

Dè mu dheidhinn donnal no donnalaich? ’S e sin am fuaim àrd a bhios cù a’ dèanamh nuair a tha e ann am pian. *Howling*. Bidh madaidhean-allaidh a’ donnalaich gu nàdarrach.

Agus dè chanas sinn ris an fhuaim mhòr a bhios daimh a' dèanamh? 'S e sin *languaich*. *Lowing, bellowing*. Languaich. Aig àm na dàra, canaidh sinn *bùirich* ris. *Bùirich – loud bellowing*. Dè am beathach eile, a bharrachd air damh, a bhios a' bùirich? Chanainn fhèin – tarbh. Mar sin leibh an-dràsta.

* * * * *

Faclan na Litreach: beucaich na mara: *the roar [thunder] of the sea*; boc earba: *roe buck*; Donnchadh Bàn Mac an t-Saoir: *Duncan Ban MacIntyre*; languaich: *lowing, bellowing*.

Abairtean na Litreach: Dè am fuaim a bhios luchag a' dèanamh?: *what sound does a [little] mouse make?*; a bheil e gu diofar ma tha an luchag toilichte seach mì-thoilichte?: *does it make a difference if the mouse is happy or unhappy?*; no misneachail an àite eagallach?: *or confident instead of fearful?*; feumaidh mi aideachadh nach eil mi ro eòlach air cainnt nan luchag: *I must admit that I'm not too familiar with the speech of [the] mice*; faodaidh mi a ràdh, an ìre mhath le cinnt: *I can say, pretty much with certainty*; nach bi luchag a' beucaich no a' comhartaich: *that a mouse doesn't roar or bark*; bidh eòin bheaga a' bìogail: *little birds chirp*; nan cluinneadh luchag crònna, 's dòcha gum biodh i a' gabhail eagail: *if a mouse heard purring, perhaps it would become scared*; bidh sinn ag ràdh sin mu dhaoine beartach a bhios a' bruidhinn gu tric mun cuid ionmhais: *we say that about rich people who often talk about their riches*; nuair a tha e ann am pian: *when it is in pain*; dè chanas sinn ris an fhuaim mhòr a bhios daimh a' dèanamh?: *what do we call the great noise that stags make?*; aig àm na dàra, canaidh sinn *bùirich* ris: *at the time of the rut, we call it bùirich*; chanainn fhèin – tarbh: *I would say – a bull*.

Puing-chànain na Litreach: Cha bhi luchag a' dèanamh crònna **fhad 's as aithne dhomh**. *A mouse doesn't purr, as far as I know. You will also hear cho fad 's as aithne dhomh. It's a really useful phrase and can be applied in almost any situation, even if words like fios and eòlas (rather than aithne) are being used for 'knowledge' in the conversation.* 'S ann aigesan a bhios fios, fhad 's as aithne dhomh *'he will know, as far as I am aware'*.

Seanfhaclan na Litreach: 'S ann air a shon fhèin a nì an cat crònna *it's for itself the cat purrs*. **Nuair a bhios nì aig a' chat, nì e dùrdan** *when the cat has got hold of something, it purrs*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinachadh le MG ALBA